



# An Dàrna Cogadh – Lìon-bheachdan Saidheans

Aois range: 5–7 bliadhna



**Bun-structar lus agus fuincsean nam pàirtean aig lus**

Bidh cuid mhath de bhiadh Bhreatainn a' tighinn air bàta bho thall thairis. Tron chogadh, chuir bàtaichean-aigeil an nàmhaid uimhir a bhàtaichean fodha 's gun robh cuid de bhiadh gann. Chaidh ìmpidh a chur air daoine measan agus lusan a chur dhaibh fhèin.

🕒 An urrainn dhuinn liosta a dhèanamh de lusan a ghabhas ithe? 🕒 An urrainn dhuinn clàr a dhèanamh a' sealltainn lusan agus na pàirtean a bhios sinn ag ithe – an stoc, na freumhan, na flùraichean, na measan, an siol no na duilleagan?

**Feumalachdan bunaiteach bheathaichean agus dhaoine**

Bhiodh daoine a' togail fasnadh à iarann gus iad fhèin a dhion bho bhomaichean nuair a bhiodh ionnsaigh-adhair ann. Bha leth dhen fhasgadh fon talamh sa ghàrradh is ùir air uachdar. Bha am fasnadh dorcha, fliuch agus bhiodh e làn dhaoine, agus gu math tric bhiodh daoine ann fad uairean a thide.

🕒 An urrainn dhuinn liosta a dhèanamh de rudan a bu chòir dhuinn a thoirt leinn gus a bhith fallain, cofhurtail ann am fasnadh? 🕒 Dè mura b' urrainn dhuinn ach trì rudan a thoirt leinn? Dè bhiodh againn ri thoirt leinn?

**Bun-structar lus agus fuincsean nam pàirtean aig lus**

Tron Bhliadh, thog mòran dhaoine fasnadh Anderson sa ghàrradh. Bha e air a dhèanamh le siotaichean làidir iarainn, air uachdar toll san talamh. Bha e dorcha agus fliuch na bhroinn. Bha coinnean ann airson solas.

🕒 Dè na bunan solais as urrainn dhut ainmeachadh? 🕒 Dè am fear as soilleire? 🕒 Ciamar a b' urrainn dhuinn seo a dhearbhadh?

**Beathachadh – ag ithe biadh ceart**

Tron chogadh, bha e doirbh biadh mar tì, siùcar, silidh agus feòil a thoirt a-steach à dùthchannan eile. Bha biadh mar sin air a raiseanadh. Bha gach duine a' faighinn cuibhreann beag dhiubh gach seachdain.

🕒 Dè bhiodh math mu dhaithead a bha air a raiseanadh? 🕒 Dè nach biodh cho math? 🕒 An urrainn dhuinn dinnear fhallain a phlanadh gun shiùcar, tì, silidh no feòil?

**A' dèanamh sgaradh eadar nì agus an stuth**

Feumaidh saighdearan èideadh agus paraisiutan. Mar sin cha robh mòran stuth air fhàgail airson aodach do dhaoine. Dh'fheumadh daoine an t-aodach aca a chàradh. Bhiodh iad a' càradh buinn am brògan le seann taidhrichean baidhsagail. Bhiodh seann pharaisiutan gan gearradh airson fo-aodach a dhèanamh. Bhiodh stocainnean, drathaisean agus briogaisean air an cumail suas le sreang.

🕒 An lorg sinn stuthan sa chlas a ghabhadh cleachdadh airson bad aodaich a dhèanamh? 🕒 Carson a bhiodh na stuthan sin freagarrach? 🕒 Dè na stuthan nach biodh freagarrach airson aodach a dhèanamh? Carson?

**Ag aithneachadh stuthan cumanta agus gan cur ann am buidhnean**

Bha tòrr dhèideagan stèidhichte air a' chogadh: plèanaichean, tancaichean, agus bàtaichean-cogaidh a bhiodh a' seòladh san amar. Bha plastaig, fiodh agus meatailt air a chleachdadh airson uidheam a dhèanamh airson a' chogaidh; le sin, bha mòran dhèideagan air an dèanamh à pàipear no à cairt-bhòrd.

🕒 An urrainn dhuinn na dhèideagan sa chlas a sheòrsachadh ann am buidhnean a rèir an stuth a th' anna? 🕒 Dè an stuth as motha a tha air a chleachdadh? 🕒 An urrainn dhuinn faighinn a-mach dè an stuth as làidire agus dè an stuth as laige?

**Atharraichean ann an stuthan**

Tron chogadh, sa mhòr-chuid de dhachaighean, bhiodh teine a' cumail an rùm-suidhe blàth. Bhiodh coinnean a' dèanamh solas sna fasnagaidhean.

🕒 An urrainn dhuinn liosta a dhèanamh de stuthan a ghabhas losgadh? 🕒 An urrainn dhuinn cumntas a thoirt air na tha a' tachairt do stuthan nuair a tha sinn gan losgadh?

**BITH-EÒLAS**

**CEIMIGEACHD**



**FIOSAIGS**

**Atharrachadh ràitheil**

Mhair an dàrna cogadh sia bliadhna. Bha aig saighdearan ri sabaid air feadh an t-saoghail. Cha robh fasnadh ceart aca airson dìon nuair a bha iad a' gabhail fois.

🕒 Saoil dè an ràith a b' fheàrr leis na saighdearan agus carson? 🕒 Saoil dè an ràith a bhiodh duilich cur suas ris? 🕒 An urrainn dhuinn clàr-side a dhèanamh a' sealltainn mar a tha an t-side ag atharrachadh anns gach ràith? 🕒 A bheil na ràithean an aon rud anns gach àite?

**Fuaimean agus na bunan aca**

Thuit bomaichean air bailtean nuair a bha an nàmhaid a' feuchainn ri factaraidhean a sgrios. Ghluais an riaghaltas clann a-mach às na bailtean airson an dìon bho ionnsaighean-adhair. B' e seo am fògradh. Dh'fhàg mu 800,000 pàiste an dachaigh. Thill mòran às dèidh beagan sheachdainean, ach dh'fhuirich cuid air an dùthaich fad a' chogaidh.

🕒 An urrainn dhuinn clàr a dhèanamh a tha a' dèanamh coimeas eadar na fuaimean a chluinneas sinn sa bhaile mhòr agus air an dùthaich? 🕒 Saoil dè an t-àite anns am bi na fuaimean as àirde?



Air a sgrìobhadh le: **Tracy Tyrrell**, Irchester Community Primary School, Lab\_13 Irchester A' Ghàidhlig le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig





# An Dàrna Cogadh – Lìon-bheachdan Saidheans

Aois: 7–9 bliadhna

**A' cur lusan**

Ron chogadh, thug Breatainn tòrr bidh, mar hama, ti, siùcar agus measan, a-steach à dùthchannan eile. Tron chogadh bhiodh bàtaichean-aigeil an nàmhaid a' cur fodha bhàtaichean a bha a' toirt biadh a Bhreatainn. Chaidh iarraidh air an t-sluagh 'dig for victory', agus bha iad a' cur lusan sa ghàrradh.

🕒 Dè a' ghlasraich as urrainn dhuinn fhàs timcheall na sgoile? 🕒 Dè an t-àite as fheàrr dhaibh? Nach cùm sinn farpais clas feuch cò dh'fhàsas a' ghlasraich as fheàrr!

**Beathachadh – ag ithe biadh ceart**

Thòisich raiseanadh air biadh ann an 1940. Cha b' urrainn gach neach ach uiread àraidh de bhìadh sònraichte mar feòil, càise, siùcar, ti agus rus a cheannach gach seachdain.

🕒 Dè as urrainn dhuinn faighinn a-mach mun diofar eadar raiseanan do dh'inbhich agus do chlann, agus carson a bha seo? 🕒 Dè as urrainn dhuinn faighinn a-mach mun diofar eadar raiseanan do dhaoine a bha a' dèanamh diofar obraichean, agus carson a bha seo? 🕒 An urrainn dhuinn cuirm a' comharrachadh buaidh sa chogadh a phlanadh leis na raiseanan àbhaisteach (agus measan no lusan a dh'fhàsas sinn sa ghàrradh airson buaidh)?

**Ùir airson lusan a chur**

Tron chogadh bha abairtean mar 'Tha an gàrradh gad bhithadh. Biath thusa an gàrradh' a' cur impidh air gàimealairean torran todhair a dhèanamh sa ghàrradh aca. Tha todhar gàrraidh – bho stuth organach bho lusan 's bho bheathaichean marbh – a' dèanamh na h-ùire nas fheàrr.

🕒 An urrainn dhuinn faighinn a-mach mar a bhios ùir ag atharrachadh nuair a chuireas sinn todhar gàrraidh rithe? Dè na deuchainnean a nì sinn? 🕒 Dè bhios a' tachairt ma chuireas sinn diofar uireadan de thodhar agus de ùir comhla? 🕒 Ciamar as urrainn dhuinn rannsachadh a bheil todhar gàrraidh a' dèanamh diofar air mar a tha lusan a' fàs?

**Feuman agus feartan stuthan**

Bha feum air meatailt, glainne agus rubair airson iomairt a' chogaidh, agus le sin bha feum air stuthan eile a lorg airson nithean àbhaisteach. Bha biadh air a chòmhdach ann am plastaig an àite aluimium; bha deideagan air an dèanamh à pàipear 's à cairt-bhòrd; bha bainne ann an soithichean de chairt seach ann am botail ghlainne; bha *plywood* air a chleachdadh an àite meatailt airson sligean bhàtaichean agus sgiathan phlèanaichean.

🕒 An urrainn dhuinn clàr a dhèanamh a' sealltainn nan stuthan as fheàrr airson còmhdach do bhìadh, deideagan, soithichean airson bainne agus bàtaichean? 🕒 Carson as e seo na stuthan as fheàrr?

**Eacarsaich agus dòigh-beatha fhallain**

Tron chogadh, bha sgoiltean a' creidsinn gun robh clann a' faighinn eacarsaich gu leòr a' ruith gu na fasgaidhean nuair a bhiodh ionnsaigh-adhair ann. Sna leasan PE bhiodh clann dìreach a' dèanamh eacarsaich ann an loidhnichean san raon-chluich.

🕒 Carson a tha e gu sònraichte cudromach gum faigh clann eacarsaich? 🕒 Ciamar a bhios diofar ghniomhan a' toirt buaidh air reat buille-cridhe agus tarraing anail? 🕒 Dè na gnìomhan as motha a tha a' toirt buaidh air an reat buille-cridhe agus tarraing anail?

**Solas agus sgàilean**

Tron chogadh, dh'fheumadh a h-uile duine na h-uinneagan agus na dorsan aca a chòmhdach air an oidhche gus nach fhaigheadh solas a-mach. Nam faigheadh solas a-mach, chitheadh plèanaichean an nàmhaid na bailtean nuair a bhiodh iad a' leagail bhomaichean.

🕒 Dè na stuthan a bhiodh math airson cuirtearan dubhaidh a dhèanamh? 🕒 Ciamar a b' urrainn dhuinn am feuchainn? 🕒 Dè an stuth as fheàrr?



**Cuairtean-dealain**

B' e Samuel Morse a rinn a' chiad dreach de Chòd Morse. Bha seo ag atharrachadh buillean dealain gu teachdaireachdan a ghabhadh leughadh. Tron dàrna cogadh, bha teachdaireachdan diomhair gan cur eadar feachdan le Còd Morse.

🕒 An urrainn dhuinn cuairt-dealain a chruthachadh le suidse a chuireas busair no solas air agus dheth gu luath? 🕒 An urrainn dhuinn teachdaireachd diomhair a chur le Còd Morse?

**Fuaim: Pitse agus àirde fuaim**

Bhiodh conacagan a' toirt rabhadh air ionnsaigh-adhair sna bailtean. Nuair a chluinneadh daoine na conacagan, sguireadh iad de na bha iad a' dèanamh agus ruitheadh iad gu fasgadh. Bha na conacagan a' dèanamh fuaim mòr agus bha cumadh còrra.

🕒 Am bi cruth còrra a' dèanamh fuaim nas motha? Nì sinn cònaichean à cairt-bhòrd agus nì sinn rannsachadh. 🕒 An urrainn dhuinn dòighean eile a lorg air fuaim a dhèanamh nas motha?

**Feuman agus feartan stuthan**

Tron Bhlitz, chaidh bomaichean a leagail air bailtean ann am Breatainn. Thog daoine faspaidhean Anderson le bhith a' boltadh siotaichean lùbte iarainn ri chèile gus iad fhèin a dhìon bho na spreadhaidhean. Bha leth an fhasgaidh fon talamh agus bha còmhdach tiugh de phocannan-gainmich agus ùir air uachdar.

🕒 Saoil Carson a chaidh iarann a chleachdadh airson nam faspaidhean? 🕒 Ciamar eile a tha iarann air a chur gu feum? 🕒 An lorg sinn stuthan eile leis na h-aon fheartan 's a tha aig iarann?



Air a sgrìobhadh le: **Tracy Tyrrell**, Irchester Community Primary School, Lab\_13 Irchester A' Ghàidhlig le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig





# An Dàrna Cogadh – Lìon-bheachdan Saidheans

Aois: 9–11 bliadhna



**Arainneachd agus atharrachadh**

Tron chogadh bha tòrr bidh a' tighinn a-steach à dùthchannan eile air bàtaichean. Bhiodh nèibhidh na Gearmailt a' toirt ionnsaigh air na bàtaichean.

- 🕒 An urrainn dhuinn faighinn a-mach dè na measan is lusan a th' air an toirt a-steach le coimhead air na leubailean?
- 🕒 An gabh na measan 's na lusan sin fhàs ann am Breatainn?
- 🕒 Càit a bheil iad air am fàs?

**Droch bhuaidh meanbh-fhàs-bheairtean**

Bha uighean cudromach do dhaoine tron chogadh airson pròtain. Ach, bha e doirbh uighean a thoirt bho àite gu àite agus an deidh treiseag air sgeilp, cha ghabhadh an ithe. Mar sin bha na h-uighean air an tiormachadh agus pùdar air a dhèanamh dhiubh. Bha seo na b' fhasa a ghiùlan agus sheasadh e gu math na b' fhaide.

- 🕒 Dè tha a' tachairt a tha a' fàgail nach gabh uighean ithe le daoine?
- 🕒 An urrainn dhuinn clàr a dhèanamh a' sealltainn diofar dhòighean air biadh a ghleidheadh, agus dè na dòighean as fheàrr?

**An Talamh agus A' Ghealach**


Air 06 Ògmhios 1944, thug saighdearan caidreabhach ionnsaigh air tràighean Normandy. Cha robh iad airson solas a chleachdadh mus faiceadh an nàmhaid e. Mar sin chleachd iad solas air ath-thilgeil bhon ghealaich airson an stiùireadh.

- 🕒 Dè an tràth den ghealaich a b' fheàrr airson a dhol air tìr, agus carson?
- 🕒 Dè na bhios a' ghealach a' tilgeil air ais de sholas an coimeas ris an t-solas bho thoirdse no bhon ghrèin?
- 🕒 Ciamar a b' urrainn dhuinn seo a thomhas?

**Droch bhuaidh micro-fhàs-bheairtean**

Ann an 1928 lorg Alexander Fleming peinisilean. Chaidh peinisilean a chleachdadh gu mòr airson a' chiad uair san dàrna cogadh. Mar thoradh air seo cha robh uimhir de ghàirdeanan no de chasan gan gearradh far nan saighdearan, agus cha do chaochail uimhir air sgàth puinnsean ann an lotan.

- 🕒 Dè as urrainn dhuinn fhaighinn a-mach mu mar a gheibh micro-fhàs-bheairtean a-steach don bhodhaig agus mar a chuireas a' bhodhaig stad air seo?
- 🕒 An urrainn dhuinn clàr a dhèanamh a' sealltainn nan rudan a mharbhas micro-fhàs-bheairtean, agus dè an fheadhainn as fheàrr airson seo?



**Forsaichean: flodachd**


Bha bàtaichean-aigeil gu mòr an sàs sa chogadh. B' urrainn dhaibh seòladh air uachdar na mara agus fon uisge; le sin b' urrainn dhaibh ionnsaigh a thoirt ann an àite agus aig àm sam bith cha mhòr. Bha tancaichean balaiste sònraichte aca a ghabhadh lìonadh le uisge gus a dhol fodha, agus le éadhar gus èirigh chun an uachdair.

- 🕒 Ciamar as urrainn dhuinn sealltainn gu bheil éadhar a' cuideachadh rudan a dhol air fleòdradh?
- 🕒 Dè na h-eisimpleirean a lorgas sinn far a bheil éadhar a' cuideachadh rud ri fleòdradh ann an uisge?

**Atharraichean a ghabhas tilleadh no nach gabh tilleadh**

Thòisich Blitz Lunnainn air 07 Sultain 1940. Ann an ochd mìosan, chaidh mu thrìan de Lunnainn a sgrìos le bomaichean a leag plèanaichean na Gearmailt. B' e bomaichean loisgeach a bh' ann am mòran dhiubh, agus bhiodh iad a' tòiseachadh theintean.

- 🕒 Dè na stuthan leis a bheil taigh air a thogail?
- 🕒 An urrainn dhuinn an cur ann an clàr a' sealltainn dè na stuthan a bhitheas no nach bi a' losgadh?
- 🕒 An urrainn dhuinn taigh a dhealbhadh nach tèid na theine?
- 🕒 Dè na stuthan leis am biodh e air a thogail?
- 🕒 Saoil carson nach eil taighean air an togail le stuthan nach tèid nan teine?



**Solas air ath-thilgeil bho uachdaran**

Tron Bhlitz, bha a' mhòr-chuid de ionnsaighean-adhair air an oidhche. Bhiodh solais mhòra a' sealltainn bomairean an nàmhaid ann adhar 's iad a' tighinn faisg. Bha sgàthan ann an solais gus barrachd solais a chur dhan adhar.

- 🕒 Dè na h-uachdaran a lorgas sinn a tha math air solas a thilgeil air ais?
- 🕒 Ciamar a gheibh sinn a-mach dè na h-uachdaran as motha a tha a' tilgeil air ais de sholas?
- 🕒 An lorg sinn dòigh air an diofar a tha sgàthan a' dèanamh ann an toirdse a thomhas?

**A' sgaradh stuthan co-mheasgaichte**

Tron chogadh, fhuair gach neach masg-gas gun fhios nach deigheadh bomaichean a leagail san robh gas puinnseanta. Bha masgaichean-gas air an dealbhadh gus gasaichean millteach a thoirt às an éadhar.

- 🕒 An urrainn dhuinn modail no postair a dhèanamh a tha a' sealltainn mar a bhios sioltagan a' sgaradh stuthan measgaichte?
- 🕒 Saoil carson a bhios cuid a' cur orra mhasgaichean simplidh nuair a tha iad a' sgeadachadh an taighe?

**Feuman agus feartan stuthan**

Fhuair saighdearan sa chogadh aodach, brògan mòra, buill-airm agus uidheam pearsanta a bhiodh aca nan cois ann am poca. Bha na nithean seo air an dèanamh à diofar mheatailtean: bèigneid, spaid, tiona-còcaireachd, muga, botal-uisge, uidheam ithe, meuran, bomaichean-làimhe agus clogaid.

- 🕒 An urrainn dhuinn clàr a dhèanamh a' sealltainn dè a' mheatailt a bha air a cleachdadh agus carson a bha i freagarrach airson nan nithean ann am poca-uidheim an t-saighdeir?
- 🕒 Saoil dè na stuthan a bhiodh ann am poca-uidheim an-diugh?

BY-NC-ND

Air a sgrìobhadh le: **Tracy Tyrrell**, Irchester Community Primary School, Lab\_13 Irchester  
A' Ghàidhlig le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

